Firstly, they learn to become more comfortable in themselves, to accept their own language of drawing, because that is where the imagination really lies. Secondly, they become more familiar with the materials – for example they become aware that you can do many different things with charcoal or watercolour. As their ideas grow, their means of expressing those ideas grows as well. They can extend themselves to take on a more complex view for instance, or can render things spatially without necessarily understanding what they're doing. It just happens for them because they have developed the skills and are not inhibited. I think when you are less confident you tend to be more literal in your thinking, and when you know yourself better, you become naturally more lateral, and your ability to express yourself develops.

In the sketchbooks you can see the children working with just a pencil and rubber initially, but later they needed to think about the complexity of using colour – harmony, dissonance, when colours

are cool or warm. At the start they were more tentative because they were learning about their materials, as well as learning conceptually. These two things develop in parallel as they work and you can see it in their drawings, which is terribly exciting.

And you can track this process in the sketchbooks?

Yes. Of course sometimes the sketchbooks are uneven. Children have good days and bad days, but there are moments in the sketchbooks where I can remember how the child was that day. I could see it in their face, in their whole demeanour – they glow, and I still feel that when I am looking at the sketchbooks.

Sometimes they don't realise how good they are. I love that the books themselves are unpolished, but they have some of the most exquisite painting and drawing that I have ever seen. A sketchbook is a lovely place to work, it's not for show, it's your own processes being worked out. I know that at first the books look messy and scruffy and their magic might not instantly be apparent, but they are the source of everything in the project.

After working in their sketchbooks outside, the children would go back to their schools and scale-up their drawings to make paintings. Then after the exchanges, the children worked collectively to produce ambitious, large-scale drawings and paintings from their working drawings. It is interesting that a lot of the children were very observant in realising that it was hard to recapture what was in their sketchbooks when they scaled-up their drawings. When people look at the large collective drawings or the framed paintings in the exhibition, it is important that they also look at the sketchbooks as they explain so much about the vitality of the children's work.

For example, if you look through the Edinburgh books, you see impressively detailed drawings of buildings as they learn to represent them, followed by a burst into colour as they start to paint, then their sense of form grows and suddenly they are expressing themselves more freely. In the same way the Skye children start with the freer forms of landscapes and rich colours and bring all those skills to their work in Edinburgh.

We've often talked about the children 'investigating their environment' in a way that makes the process sound quite forensic, but this doesn't have to be the case; there is a relationship between all the artworks and the places where they were made which shows the children expressing their feelings about inhabiting that space.

I remember asking the children what was the difference between drawing what you are used to seeing and just walking through it. One of the children said that he has lived in Edinburgh all his life, but he was now seeing parts of Edinburgh that he's not noticed before. He said: 'When I looked at a view I thought "I can't do this, its too complicated"', but I started drawing and then suddenly somehow I knew how to do it! The children really are observing their surroundings for the first time.

This was why developing their concentration was incredibly important, particularly considering the dominance of technology today and the fast pace of modern life. To enable the children to sit in their environment, whether it is urban or rural, and really look at it for a whole day is an achievement.

A lot of the best things in your work are close to home, they are almost staring you in the face – it's about revealing a few of the layers obscuring it. This emphasis is something which informs my own practice, and I think many other artists would agree. It's about bringing that spirit to the children, the idea that you just go outside and look at where you live, stop somewhere you walk past all the time – whether it is on a road, or on top of a hill, or the canal.

In terms of the exhibition, for me Air Iomlaid has allowed us an opportunity to work with two particular schools at a depth that we can't normally work at. It's also important for us to bring other schools into this project and to pass it on as inspiration, as evidence of what is achievable. Yes, achievable with an investment of time or resources, but perhaps it also goes back to what you learned in your earlier projects (such as in Glasgow's Necropolis) – schools can do it simply by stepping outside and observing their local environment and drawing it.

Yes, what I'd hope is that when people visit the exhibition, whether an adult, a teenager, or a child, they think: 'they're just ordinary children, they're not special children, but they've been able to achieve something amazing – with a bit of practice, a bit of guidance and a bit of help'.

And it's more than just artistic tuition, we are giving the children life skills. Whether they do art in the future or not doesn't matter. We're saying that if you work and become fit in your practice, whether it's art, a musical instrument, science, sport, or anything that seems ambitious to attain, if you do it day by day, or week by week you can realise that ambition. As Catriona, one of the children, said yesterday: 'I thought I couldn't draw but now I realise that drawing is about tone, line and richness of colour and the way colours work together and how you understand the shape or form of something'. She's not thinking about whether she is good or bad, she's thinking about what drawing is and this knowledge has developed her abilities and her confidence.

And in a sense that's the essence of how we want to live. Our unhappiness or frustration comes when we're not quite realising our own talents. We all want to be able to realise the best of ourselves, not just our specific talents, but in who we are as individuals.

And what will showing the children's work in The Fruitmarket Gallery, a contemporary art gallery in Edinburgh, do to it?

Or what will the work do to the gallery? I think there will be a tremendous warmth in this exhibition, and people will look at the work in a way that they wouldn't if it was up on a school wall. The work itself cuts to the essence of what art is – that tightrope between something that is overworked or underworked, the perfect balance between the two when everything comes together and just brims with life.



above / gu h-árd: Stella Brook Young, Elgol / Ealaghol, 15.6.09
below / gu h-iseal: Stella Brook Young, North Bridge / Drochaid a-Tuath, 30.9.09



Ann an còmhradh Julie Brook & Johnny Gailey

Còmhradh air *Air Iomlaid* eadar Johnny Gailey, Manaidsear Òigridh, The Fruitmarket Gallery,
agus Julie Brook, Prìomh Dhealbhadair a' phròiseict

A' thuilleadh air d' obair fhèin, Julie, tha thu air a bhith a' stiùireadh phròiseactan-foghlaim, beag agus mòr; fad còrr air fichead bliadhna a-nis. Carson a tha na pròiseactan seo cudromach dhut?

Uill, saoilidh mi gu bheil dealbhadaireachd is mar a thathar ga teagasg gu math prionnsabalach. Bheir e sgilean do chloinn – agus do dh' inbhich – nach fhaigh iad aig an ìre cheart, an ceartuir, san sgoil. Le bhith a' toirt teagaisg dhan chloinn, air dealbhadaireachd, tro phròiseactan mòra adhartach, mar *Air Iomlaid*, gheibh iad an cothrom, an obair fhèin a ghabhail os làimh is a leasachadh, mar a dhèanadh neach-ealain: 'S ann, ri ùine, a thig piseach air an dòigh sam bi iad ag obair. Le bhith ga dhèanamh mar seo, gheibh a' chlann tuigse cheart air a' ghnòthach, is bheir iad dealbhan sònraichte agus pearsanta, gu buil air a' cheann thall.

'S ann mun àrainneachd a tha mo chuid ealain fhìn: mise gam thairgsinn dhi is a' leigeil leatha buaidh a bhith aice ormsa. Bidh mi a' toirt gu leòr tide dhan obair, los gun drùidh i a-steach annam fada seachad air na beachdan a bhuail orm an toiseach. Bha ùidh agam riamh ann an obair a tha dlùth do chruth na tìre, agus tràth nam dhreuchd, thuig mi gun iarradh sin barrachd tide, sa chumantas, gus an doimhneachd a tha riatanach fhaighinn. Ged nach ionann m' obair-sa agus teagasg, saoilidh mi gur e an aon spiorad a tha gam beathachadh – seadh, gun gabh thu do thìde (còrr air dà bhliadhna le A.I.), ach am fàs rudeigin math làidir à freumhaichean meadhanach simplidh.

'S toigh leam a bhith a' toirt a' chothruim do chloinn obair sàr-amasach fheuchainn còmhla ri luchd-ealain, a bheir eòlas dhaibh air sgaoilteach mhath raointean. Aig bun na cùise, 's ann mu a bhith mothachail a tha seo, agus a' cur an cruth dhealbhan, d' àrainneachd fhèin. 'S e rud a th' ann nach eil idir cosgail is a tha comasach dha na h-uile. Mar thoiseach-tòiseachadh, tha e air leth feumail (bidh mise a' teagasg dhan chloinn agam fhìn) gum faod 'coimhead' agus 'dealbhadaireachd' a bhith nam pàirtean nàdarra dher beatha.

Mar sin, an e rudeigin, a chì thu nad bheatha fhèin, a tha thu ag iarraidh a thoirt seachad do chàch?

'S e. Sa chiad àite, am faireachdainn gun gabh rud sam bith dèanamh! Corra uair, nam obair fhìn, fairichidh mi gu bheil mi a' toirt bàrr air na chuir mi romham no na shaoil mi idir comasach. 'S e rud mòr mòr a th' ann, slighe a-steach dhan a' sin, a thoirt do chuideigin eile, ach 's e as motha a tha gam riarachadh mu bhith a' teagasg dealbhadaireachd, nach urrainn dhut an obair a dhèanamh dhan chloinn, feumaidh iad fhèin – gach duine aca, sin a chur an gnìomh dhaibh fhèin.

Tha e a' còrdadh rium gu mòr nuair a dh' aithnicheas mi orra gun robh latha math obrach aca – gu bheil rudeigin air carachadh anna, is gu bheil iad air sgil ùr a thogail. Chan eil seo idir coltach ris an t-seòrsa ionnsachaidh a nì sinn sa bhithiantas – far am bi thu a' toirt a-steach eòlais air cuspair, is an uairsin a' feuchainn ri dòigh a lorg air sin a chur gu feum.

Le dealbhadaireachd, 's ann a bhios tu a' cumail d' aire, gu teann, air na tha thu dèanamh, ach tha e cuideachd cudromach mar a chleachdas tu do mhothachadh, do làmhnan, do cheann, do chridhe – agus air cloinn, chan eil seo na bhacadh. Thèid a h-uile sìon a chur an cèill, mar chothlamadh, air na tha dol air an taobh a-staigh, agus na tha thu ag amharc air.

Sa chiad phròiseact a rinn mi le cloinn, chuir mi seachad bliadhna, ag obair, gu cunbhalach leotha, anns a' chladh, Necropolis Ghlaschu, is sinn a' dèanamh dhealbhan air na leacan. 'S ann gun eòlas idir air a leithid a chaidh mi an sàs ann. Ach mar thoradh air a' phròiseact, fhuair mise cothrom seòmar-teagaisg a bhith agam mar stiùidio agus 's e dòigh glè mhath a bh' ann dhan chloinn, pàirt a ghabhail am Bliadhna Chultarach Ghlaschu.

Bha mi ag iarraidh dealbh mòr a dhèanamh aig an deireadh, air am biodh a' chlann ag obair còmhla. Chòrd e rium gun robh gach duine fa leth ga bhrosnachadh mar a b' iomchaidh, ach cuideachd gum bite gan teagasg mu cho-obrachadh, agus mar a dh' ionnsaicheadh iad bho chèile is bho dhealbhan càch-a-chèile.

Chaidh againn, tron phlanadh agamsa, agus dealas na cloinne, air dealbh miorbhaileach a chruthachadh – cuid dheth àbhaisteach cuid

no-àbhaisteach, gu h-araid san dòigh san do shuidhicheadh gach nì a-rèir a' chèile. Chuir e fìor iongnadh orm cho math is a bha e!

'S e an cuimhneachan cumhachdach sin a bhios a' cumail misneachd rium tro na pròiseactan eile. Bidh an fheadhainn òg a' cruthachadh dhealbhan nach b' urrainn ach do chloinn a dhèanamh – chan ann ag atharrais air obair inbheach no luchd-ealain a tha bhios iad. Ma bheir thu dhaibh an cothrom, bidh iad fosgailte is ro dheònach pròiseactan gu math adhartach a ghabhail os làimh, is bheir iad rudeigin am bàrr, ris nach robh sion a dhùil agad!

Mar thè-ealain, bidh mise a' toirt dhaibh an structuir, ach gun cus a' chòrr a sparradh orra. Feumar a bhith subailte is tuigseach air mar a dh' fhàsas pròiseact, agus a' bhunait cheart a thoirt dhan chloinn, a leigeas leotha dhol bho neart gu neart. 'S ann, an uairsin, ma-thà, a thig na h-annasan!

Ann an *Air Iomlaid*, chithear on fhìor thoiseach, sna dealbhan a rinn a' chlann le peansail nan leabhraichean – gu bheil iad làn saorsa; ann a' sin fhèin, air an duilleig. Thuirt Picasso gun do chaith e a shaoghal a' feuchainn ri ionnsachadh mar a dhèanadh e dealbhan, cleas pàiste. Ach, bidh luchd-ealain, a bhios rin ciùird, thar grunn bhliadhnan, a' lorg is a' geurachadh 'cànan' (a-rèir na sùla, no ciùil, no eile), agus faodar clann a bhrosnachadh air an dearbh sheòl sin cuideachd.

San sgoil, tha e doirbh an fharsaingeachd is an ùine a tha dhìth a thoirt dhaibh. Ach ann am pròiseactan mar seo, gheibh thu air an toirt air slighe gu math fada.

Tuigidh mi gu bheil thu a' leantail ort sna pròiseactan seo, oir bidh daonnan boillsge ùr ri lorg is ri faicinn ann an obair na cloinne fod stiùir. Ann an Air Iomlaid, chanainn gur ann anns an iomlaid fhèin, eadar an dà sgoil – clann Dhùn Èidinn is clann an Eilein Sgitheanaich, a bha sin gu mòr am follais?

'S ann. Cha do rinn mi sin riamh roimhe. Nam bheachdsa, nuair a tha thu ag ionnsachadh mar a nì thu dealbhadaireachd, tha e coltach ri trèanadh ann an raon sam bith eile, leithid spòrsa no ciùil. Ann an spòrs tuigear, airson a bhith sàr-mhath, gum feum

thu cur rid thàlant, le bhith a' dèanamh tòrr mòr eacarsaich is obrach, gu tric, thar ùine fada

Ann a bhith a' teagasg dealbhadaireachd, tha mise creidsinn gur e na h-aon rudan a tha riatanach – feumaidh clann fàs 'fud' nan dealbhan.


Thog sinn air na sgilean aca, an àrainn air am b' eòlaich' iad, los gum b' urrainn dhaibh, an dèidh sin, an aghaidh is an ùidh a chur air cuspair ùr, àite ùr. An uairsin dh' iarr sinn orra cruinn-leum a ghearradh is earbsa a chur annta fhèin, sàillibh cho 'fud' 's bha iad.

Do chuid, b'e seo a' chiad turas a bha iad air an dachaigh fhàgail, le sin 's e ceum mòr pearsanta a bh' ann dhaibh. Saoilidh mi, leis gun tug sinn air adhart na sgilean ealain mun d' rinneadh an iomlaid, gun d' fhuair a' chlann an cothrom, na bha iad a' faireachdainn, a chur an cèill nan dealbhan. Ach cuideachd thog seo am misneachd. Mar sin, ged a bha iad fada on taigh, agus an cianalas air feadhainn o àm gu àm, chaidh aca air an aire a chumail air an obair agus an cothrom a bhuileachadh.

Mar shamhla, bha beagan de thàire aig cloinn Dhùn Èidinn le bhith a' cleachdadh dhathan nan dealbhan, is cuideachd ann a bhith a' feuchainn ri bhith fosgailte seach litireil nan ìomhaighean air a' bhaile mhòr. Dhaibh-san bha an t- Eilean Sgitheanach na thuil dhathan. Thuirt deagh thòrr aca gun d' fhuair iad faothachadh, is gun do thuig iad, dè bu chiall do dhath san àrainn ùir seo – na bha mi a' ciallachadh le fo-dhath, tuar dath, dealradh dath etc a chionn, chitheadh iad iad uile, ann a shin, sgaoilte fan comhair.

Bha iad mar thà air na sgilean a thoirt air adhart airson na dathan seo a leigeil am follais is chòrd e glan riutha an diofar fhaicinn. Cha b' ann a' dèanamh dhealbhan air ballaichean is uinneagan a bha iad a-nis, ach air àitean iomallach, làn bheanntan is mara.

Tha e inntinneach cho beag de nithean mionaideach a bhios a' nochdadh ann an dealbhan clann Dhùn Èidinn air an Eilean Sgitheanach. Tha iad làn faireachdainn – glacadh iad cruth nam beann, an t-adhar, an solas no an cuan, ach 's ann ainneamh a chì thu taigh no bàta no craobh annta. Tha na feartan seo gu math nas nochdte ann an dealbhan clann Shlèite air an stairsnich fhèin.



above / gu h-árd: Cameron Moohan, School playground / Raon-cluiche na sgoile, 13.5.09
below / gu h-iseal: Cameron Moohan, Tarskavaig / Tarsgabhaig, 8.9.09



above / gu h-àrd: Lewis Threlfall, Beinn Dearg Mòr, 10.6.09

below / gu h-ìosal: Finn Noakes, Scott Monument and North Bridge / Carragh-cuimhne Scott agus Drochaid a-Tuath, 10.6.09

Agus clann Shlèite an Dùn Èideann?

Uill, bha clann Shlèite air a bhith ag obair fad greis ann an sgìre dhùthchail agus mar sin, bha stoidhle cus na bu shaoire air na dealbhan aca. Bha barrachd cuideachaidh a dhìth orra-san le cruth is co-àite.

‘Se rud brèagha a bh’ ann na sgìlean a thog clann Shlèite a-muigh air an dùthaich fhaicinn, gan cur an sàs an togalaichean clasaigeach is ainmeil Dhùn Èidinn – leithid Taigh-òsta Bhaile Mhòireil no Drochaid a Tuath. Dhùisg e faireachdainnean làidir annam faicinn mar a thug iad uiread a shaorsa do rudan cho stèidhte, is iad deiseil gus spàirn mhòr a dhèanamh air ealain car doirbh.

Bha an oidhirp a bha a’ chlann uile deònach a dhèanamh, cuideachd air rud cho sònraichte agus a bh’ ann. Nuair a bhruidhinn mi an dèidh làimhe riutha, thuirt iad gun robh e glè chudromach dhaibh obair chruaidh a dhèanamh. Bha iad ag iarraidh gum biodh seo na chuimhneachan mòr ceart dhaibh – beachd-smuain rudeigin adhartach, saoilidh mi, do chloinn òig.

Mas math mo chuimhne, thuirt aon duine dhen chloinn gun iarraidh dealbh math am barrachd aire is obair-inntinn bhuat, ach nuair a gheibheadh tu ceart e, bhiodh sin gad fhàgail a’ faireachdainn gu math riarachta. Bheireadh seo ort strì nas motha a dhèanamh an ath-turas, a chionn ‘s gu robh thu airson do dhìcheall fhèin a dhèanamh.

Bhuail e orm, air sgàth nan iomlaidean, gun tàinig piseach, chan ann a-mhàin air a’ bhuidhinn a bha a’ tadhal, ach, cuideachd air a’ bhuidhinn a bha a’ toirt aoigheachd dhaibh. Cha mhòr nach canadh tu, gun robh a’ chlann ag aithneachadh nach robh an ùine ach gann, is gum bu choir na b’ urrainn a dhèanamh leatha.

Ach, mun àm sin, bha gach aon aca air ‘latha math’ fhaireachdainn, nuair a chùim iad an aire air an obair, is a rinn iad oidhirp mhòr, is a chruthaich iad fìor dheagh dhealbh – leis an robh iad fhèin toilichte. ‘S e bha iongantach, gun d’ obraich seo, an dà chuid do gach sgoilear fa leth, ach cuideachd do na buidhnean.

Am faod sinn bruidhinn air na leabhraichean-dhealbh – cridhe a’ phròiseict, mar a thuirt thu fhèin. Dè gheibh na thig a choimhead air an taisbeanadh, no na thogas an leabhar seo, asta sin?

Caochladh rudan, chanainn. Bhiodh a’ chlann a’ dèanamh dhealbhan le peansail sna leabhraichean, a h-uile uair a bheireamaid a-mach dhan àrainn-obrach iad. An dèidh greis, cha bhiodh iad ach a’ leigeil len dealbhan an cruth fhèin a ghabhail, mar a thigeadh sin thuca, seach dragh a bhith orra mun dòigh sam bu choir a dhèanamh.

Anns an teagasg seo – chan e ceart no ceàrr a tha fanear dhomh – ach cò an duine òg seo? Cò mu dheidhinn a tha e no i? Chan eil mise a’ miannachadh ach gun dèan iad dealbhan mar as gnàth dhaibh fhèin. Ach feumar an t-àite-cruthachaidh sin a ruighinn, cha bhi e dìreach a’ nochdadh romhad.

An toiseach, bidh iad ag ionnsachadh, mar a dh’ fhàsas iad cofhurtail annta fhèin is mar a ghabhas iad rin ‘cànan’ fhèin, air sàillibh, sin far a bheil am mac-meanmna ri fhaotainn. An uairsin, thèid iad nas dàin’ air na stuthan – mar eisimpleir, gheibh iad tuigse air na diofar nithean a ghabhas cruthachadh le gual-fhiodh no uisg’-dhathan, is dòcha.

Mar a bhios beachdan na cloinne a’ dol an leud, ‘s ann cuideachd a bhios an comas air an cur an cèill. Thèid aca air tuilleadh a chur rin ionnsachadh los gum bi sùil nas cast’ aca air an obair, no gu ‘n libhrig iad dealbhan sa bheil leasachadh mòr air, can, co-àite, ach gun iad fhèin buileach a’ tuigsinn gach ceum.

Bidh seo a’ soirbheadh leotha, a chionn ‘s gu bheil iad air an cuid sgìlean a thoirt air adhart – agus air sgàth ‘s nach eil bacadh orra. Saoilidh mise, nuair nach eil uimhir a’ mhisneachd agad, gu bheil thu buailteach a bhith nas fhaiceallaiche is nas litireile nad smaointean. Ach an dèidh dhut deagh eòlas a chur ort fhein, ‘s ann a bhios tu a’ fàs nas fhosgailte is nas leatha, agus thèid do chomasan am feabhas air rèir sin.

Anns na leabhraichean, chì thu gur ann le peansail is rubair a-mhàin a tha a’ chlann ag obair an toiseach, ach as dèidh sin feumaidh iad

smaoin a thoirt air mar a chleachdas iad dathan – feadhainn a bhios is nach bi a’ tighinn a-rèir a’ chèile, no mar a dh’ fhaodas dath a bhith fuar no blàth. Sa chiad dol a-mach, bha na dealbhan aca car ‘dùid’, leis gun robh a’ chlann ag ionnsachadh mu na stuthan, agus aig a’ cheart àm, mu modhan-ealain. Thèid an dà phàirt seo a leasachadh còmhla, mar a bhios a’ chlann a’ sìor obair – is chithear sin gu soilleir nan dealbhan. S e rud sgoinneil a tha sin!

Agus nì thu clàr air an leasachadh sin sna leabhraichean?

Nì. Mar a bhiodh dùil, chan eil obair nan leabhraichean daonnan cothrom. Bidh deagh lathaichean aig cloinn is feadhainn eile air a’ chaochladh, ach tha amannan glèidhte sna leabhraichean sin, nuair a bhios cuimhne agam, dìreach mar a bha an sgoilear an latha sin no an latha ud eile. Chithinn nan aodann e, nan giùlan gu lèir – thig blàth orra, is bidh mise fhathast a’ faireachdainn sin nuair a bheir mi stùil tro na leabhraichean.

Uaireannan, cha tuig iad fhèin cho math is a tha iad. ‘S fhior thoigh leam nach ann gleansach, ullamh a tha na leabhraichean sin, ach tha dealbhadaireachd annta, le peansail is peant, nach fhaca mise riamh a samhail.

‘S e ‘àite’ gle shnog son obrach a tha sna leabhraichean. Chan ann gus a sealltainn dhan t-sluagh a bhios tu rithe, ‘s e seo do dhoigh fhèin air dealbhadaireachd – ga sireadh is ga rèiteach.

Tha fhios air a’ chiad sealladh, gun ann ‘s docha car robach, mì-sgjobalta a bhios cuid a’ coimhead, is nach bi an sàr-ealain nochdte sa bhad, ach ‘s ann annta a gheibhear tūs is cridhe a h-uile sgath eile a bhuineas dhan phròiseact.

An dèidh dhan chloinn a bhith a-muigh ag obair nan leabhraichean, thilleadh iad dhan sgoil, agus, o na thog iad , dhèanadh iad dealbhan-peant san robh meudachd na bu mhotha. An uairsin, an dèidh dha na h-ìomlaidean tachairt, dh’ obraich a’ chlann còmhla gus dealbhan cus na bu mhotha a dhèanamh, an dà chuid le gual-fhiodh is peant,

is a-rithist stèidhte air na chaidh a chur sìos sna leabhraichean.

‘S e rud inntinneach a bh’ ann gun do mhothaich deannan math dhen chloinn gun robh e doirbh, na chaidh aca air a dhèanamh sna leabhraichean, a chur an cruth is am meud na bu mhotha. Nuair a bheir daoine stùil, san taisbeanadh, air na dealbhan mòra no air an fheadhainn am frèam, bidh e cudromach gum faic iad cuideachd na leabhraichean às an tàinig iad, oir ‘s ann annta sin a tha fìor bheòthas saothair na cloinne.

Mar eisimpleir, ma thèid thu tro leabhraichean Dhùn Èidinn, chì thu dealbhan sgoinneil mionaideach, a bhios a’ sìor fhàs nas fheàrr, mar as motha a dh’ ionnsaicheas a’ chlann. Gan leantail sin, gheibhear dealbhan a tha dìreach a’ cur fairis le dath, goirid an dèidh dhaibh tòiseachadh le peant. An uairsin, thig cruth de sheòrsa nas cinntiche orra is gu h-obann is gun dàil, chithear gu bheil a’ chlann a-nis a’ mealtainn saorsa àraid nam modh-obrach.

Air an aon rèir, bidh clann Shlèite a’ tòiseachadh le cruthan nas saoire nan dealbhan-tìre, is dathan domhainn, làn, aca, ach ‘s e seo na dearbh sgilean a chuireas iad an sàs nuair a thig iad a Dhùn Èideann.

Tha sinn air bruidhinn, tric is minig, mun chloinn a bhith a’ dèanamh sgrùdadh air an àrainneachd fhèin, mar gur e rud forensaig a th’ ann, ach cha leig e a leas a bhith mar sin; buinidh a h-uile pìos ealain dhan àite san d’ rinneadh e, air dhòigh is gun cuir e an cèill faireachdainnean mu bhith ‘a’ còmhnaidh’ san àite sin.

Tha cuimhn’ am a bhith a’ faighneachd dhen chloinn mun diofar eadar a bhith dèanamh dealbh air àite air a bheil thu fìor eòlach, agus dìreach a bhith a’ coiseachd troimhe. Thuirt fear de chloinn Dhùn Èidinn gun robh e fhèin air a bhith a’ fuireach sa bhaile fad a bheatha, ach gum faiceadh e a-nis, pàrtean dheth nach tug e an aire riamh roimhe dhaibh. Thuirt e: ‘Nuair a choimhead mi air sealladh àraidh, shaoil mi, “Chan urrainn dhomh dealbh a dhèanamh dheth! Tha e ro dhoirbh – cus ann dheth”, ach thòisich mi ag obair is thuig mi sa mhionaid na bh’ agam ri dhèanamh’ ‘S i an fhìrinn a th’ ann gum bi a’ chlann a’ coimhead air na tha mun cuairt orra airson na ciad uair.



above / gu h-árd: Holly McLeod, North Bridge / Drochaid a-Tuath, 10.6.09
below / gu h-iseal: Ciorstaidh-Sarah Chaimbeul, Elgol / Ealaghol, 15.6.09



above / gu h-árd: Finlay MacKinnon, St Giles Cathedral / Cathair Eaglais Naomh Giles, 17.6.09
below / gu h-iseal: Cameron Greatorex, Brown's Place / Ceárn MhicilleDhuinn, 18.6.09

Sin bu choireach gun robh e cho cudromach gun do chuir sinn seachad tìde gu leòr ag obair leotha, an toiseach, ach am fàsadh aire is inntinn na cloinne na bu treasa; gu h-àraid leis cho mòr is a tha teicneòlas nam beatha, is an t-astar a th' air saoghal an là an-diugh. Ma bheir thu comas do chloinn suidhe stòlta, ann am baile no air an tuath, fad an latha, is stùil cheart a thoirt air na tha timcheall orra, 's e gibht mhòr mhòr a tha sin.

'S ann gu math goirid dhut a tha deagh chuid dhe na rudan as fheàrr nad obair – is iad a' coimhead ort an clàr an aodainn! 'S e tha a dhith, ach gun tog thu air falbh am beagan rèisg a tha gam falach. Seo rud a tha prionnsabalach dhomhsa, is tha mi a' smaointinn gun aontaicheadh gu leor a luchd-ealain rium. 'S ann a' feuchainn ris an aon spiorad a thoirt dhan chloinn a bha sinn sa phròiseact seo – a bhith ag radh riutha. Thugnaibh a-mach is thoireamaid stùil air an àite sa bheil sinn a' fuireach! Nach stad sinn an àiteigin air am bi sinn a' coiseachd seachad ro thrìc – rathad, no bàrr-cnuic, no canàl?

A-thaobh an taisbeanaidh, tha *Air Iomlaid* air cothrom a thoirt dhuinn obair ann an doimhneachd a dhèanamh, nach fhaighear idir tric, agus sin fheuchainn le dà sgoil eadar-dhealaichte

Ach tha e cudromach, cuideachd gun tèid sgoiltean eile a thàladh chun a' phròiseict, is gum broснаich na chì iad an ùidh aca fhèin – gu 'n tuig iad na ghabhas dèanamh!

Seadh, na ghabhas dèanamh le ùine is goiresan cearta, ach saoil a bheil gnothach aig seo ris na dh' ionnsaich thu ann an Necropolis Ghlaschu – gum b' urrainn do sgoiltean seo a dhèanamh cuideachd, dìreach le bhith a' togail a-mach dhan àrainn a tha timcheall orra, agus sin a chur an riochd dhealbhan?

Tha sin ceart. 'S e tha mise an dòchas, nuair a thig daoine a choimhead air an taisbeanadh, co-dhiù bhios iad nan inbhich, nan deugairean, no nan cloinn, gun smaoinich iad: 's e tha seo clann san t-sreath, chan eil iad ro 'shònraichte', ach chaidh aca air rud iongantach a thoirt asta fhèin – le beagan obrach, beagan stiùiridh, beagan taice.

Ach 's e rud fada na bu mhotha na teagasg an dealbhadaireachd a fhuair a' chlann on phròiseact seo. 'S ann a thug sinn sgilean dhaibh a bhios gu feum fad am beatha. Chan eil e gu diofar an lean iad orra le ealain no nach lean. 'S e tha sinne ag radh riutha – ma nì thu obair, is ma dh' fhàsas tu 'fud' san dòigh san cuir thu an gnìomh i: an ealain, an ionnsramaid chiùil, saidheans, spòrs, no an rud sam bith eile, air a bheil coltas dùbhlain, is ma chumas tu ort ga dhèanamh, latha an deidh latha, no seachdain bho sheachdain, theid agad air a' chùis a dhèanamh!

Mar a thuirt Catrìona, tè dhen chloinn rium, an dè: 'Shaoil mise nach b' urrainn dhomh dealbhan a chruthachadh, ach a-nis tha mi a' tuigsinn gur ann mu dheidhinn tuar (*tone*), loidhne, doimhneachd dhathan is an dòigh sam bith gach dath a' tighinn a-rèir na feadhainn eile a tha an obair seo, is cuideachd mar a thuigeas tu cumadh no cruth rud.'

Chan ann a' smaointinn air cho math no cho dona is a tha a h-obair a tha i a-nis, ach a' gabhail beachd air dè th' ann an dealbhadaireachd. Agus tha an t-eòlas sin air piseach mhòr a thoirt air a comasan is a misneachd.


Agus, nach ann mar sin a tha sinn uile ag iarraidh a bhith? 'S ann nuair nach eil sinn buileach a' cur ar tàlant an gu feum mar bu chòir, a bhios sinn a' fàs leamh. Tha miann againn uile, nas urrainn, a choileanadh, chan ann a-mhàin a thaobh thàlant an àraidh, ach mar dhaoinè slàna.

Agus dè a' bhuaidh a bhios aig an taisbeanadh seo The Fruitmarket Gallery air obair na cloinne?

No, dè a' bhuaidh a bhios aig an obair ac' air a' Ghailearaidh? Tha mi a' smaointinn gum bi blàths air leth anns an taisbeanadh seo, agus gun coimhead daoine air an obair ann an dòigh eadar-dhealaichte seach nan robh i an crochadh air balla-sgoile. Tha an obair fhèin gad thoirt gu cridhe is anam ealain – an snàithlean a tha a' dealachadh rud nach d' fhuair spionnadh gu leòr, is an rud a fhuair cus. Nuair a gheibh thu air na dhà sin a chur air chothrom dìreach ceart – nuair a tha a h-uile sion a' cur thairis le beòthas – sin ealain.







Fold-out / Pàisg a-mach: Collective drawing of Edinburgh by pupils from Bun-sgoil Shlèite /
Dealbh buidhne gual-fhiodha de Dhùn Èideann le sgoilearan bho Bun-sgoil Shlèite


AMEIREAGA

Tha an t-uisge mar gu bheil e a' cluich le maracas agus simbals.
Tha na sgòthan mar aon mhillean isean dubh a'sgèith còmhla.
Tha na beanntannan mar leòmhann mòr a chaidil.
Tha fuaim na trafaig mar dhruma mhòr.
Tha na faireachdainnean mar a tha tonaichean agus dathan.
Tha na creagan mar sgeinean nan suidhe sa ghainmhich.

AMERICA

It is as if the rain is playing on maracas and cymbals.
The clouds are like a million black birds flying together.
The mountains are like a huge lion who slept.
The sound of the traffic resembles a large drum.
Feelings are like tones and colours.
The rocks are like knives seated in the sand.

Alastair Peel





Ingleby Gallery

Sinn a' laighe air an làr
mar matchsticks bhriste
sgìth ri seann chù
peant mar food colouring


Ingleby Gallery

Lying on the floor
like broken matchsticks
Tired as an old dog
paint like food colouring

Class P5–P7, Bun-sgoil Shlèite







above / gu h-àrd: Calum MacKinnon, Blà Bheinn, 9.9.09
following / a' leantainn: Alison Gracie, Construction site / Iarach togail, 30.6.09



Air Mo Phàipear

Ruith a' ghaoth thairis air mo phàipear.

Tha na beanntan mar fhiaclan
a' feuchainn an dèidh nan neul -
gu 'n slaodadh sìos
chun nan uamhannan dorch'.

Bha e fliuch sa h-uile àite

Ruith a' ghaoth thairis air mo phàipear.

On My Paper

The wind ran across my paper.

The mountains are like teeth
trying to seize the clouds
and drag them down
to the dark caves.

It was soaking everywhere.

The wind ran across my paper.

Ruairidh Morrison







Artair Brook Young, Glamaig, 10.6.09



Glas, gun Ghrian, ach le Aoibhneas

Busaichean is Wizard of Oz a' dol nan aon.
Tìr a tha faisg ach gu math fad air falbh.
Tornado agus rhinoceros ag obair còmhla airson cùis-uabhais.
Tarbh a' ruith a-steach gu baile fliuch.
Seacaidean mar pharagliders a' sgèith far nan sgòthan.
Monstar ag ràdh 'Stad uisge! Stad a ghaoth! Leig a-mach grian!'
Caora steigte san adhar.
Glas, gun ghrian, ach le aoibhneas.

Grey, without Sun, but with Happiness

Buses and Wizard of Oz become one.
Land near, but far far away.
Tornado and rhinoceros team up to cause havoc.
A bull rushes into a soaked village.
Jackets, like para-gliders, fly off the clouds.
Monster orders, 'Stop rain! Stop wind! Release sun!'
A sheep stuck in the sky.
Grey, without sun, but with happiness.

Sorcha Anna MacIntyre

Diofraichte

An dealbh
agus an rud e fhèin,
Taigh Òsda Waverley
cho diofraichte
tòrr, tòrr
rudan mionaideach
le wash beaga beige
An rud e fhèin mòr
grianach agus pàtrannan
ann, tòrr
pàtrannan le
drochaid beag
le togalaichean sa
mheadhan
càraichean, busaichean
tòrr fuaim, cus
rudan ann. Na
sgòthan san dealbh
agus a' ghrian air
Waverley, cho diofraichte
troimh a' chèile.

Ròisin Arnold

Different

The picture
and the thing itself
The Waverley Hotel
so different
a lot, a lot
of tiny things
a gentle beige wash
The thing itself big
sunny patterned
lots
of patterns with
a small bridge
buildings in
the middle
cars, buses
lots of noise, too many
things. The
clouds in the picture
and the sun on it
Waverley, so different
All mixed up.







Victor MacConnell, Sligachan / Sligeachan, 8.6.09

A' Ghaoth is Na Beanntan

Tha a' ghaoth làidir le beanntan a' gluasad,
taobh gu taobh, mar dhathan air sgèith
mar eòin san adhar.

Tha sgòthan geala
le loidhneachan dorcha,
a' seasamh a-mach is a' coimhead fuar.

Bha a' ghaoth a' bruidhinn
mar dhuine brònach is òg,
nach fhaic thu.

Tha loidhneachan donn is uaine
mar shluagh nan ruith
tro na lusan is an fheur.

Tha geal tro na beanntan
mar oidhche dhorch fhuar
is an t-uisge a' sabaid riutha.

Bha na beanntan uaine is donn
ach cuideachd glas,
mar a thigeadh an t-uisge orra.

The Wind and the Hills

The hills' wild wind sways
side to side, like colours in flight,
like birds across the sky.

White clouds
with dark lines,
stand out and appear cold.

The wind spoke
like a sad young lad,
out of sight

Brown and green lines
run like a crowd
through the undergrowth.

The white through the mountains
is like a cold dark night,
rain comes in combat.

The mountains were green and brown
but also grey,
as the rain made its mark.

Angus Webster

An Latha Snog

Bha e cho brèagha ri uinneig eaglais,
cho beag ri seangan.

Bha na creagan mar bhuill-reòiteig,
na taighean mar ùighean beaga damhan-allaidh.

Agus am feur a' coimhead mar arm a' falbh gu cogadh.

The Nice Day

It was as stunning as a church window,
as small as an ant.

The rocks were like ice-cream scoops,
the houses like tiny spiders' eggs.

And the grass like an army preparing for war.

Euan Hamilton







Hal Marsh, Torrin / Na Torran, 9.9.09



Glàmaig

Mar chèic mhòr
ag èirigh bhon talamh
na faileasan
mar teoclaid fliuch
na sgòthan
mar candyfloss bog
sligeanach marbh.


Glàmaig

Like a big cake
Rising out of the earth
The shadows
like wet chocolate
the clouds
like damp candy floss
A dead turtle.

Brighde Chaimbeul









On exchange to Skye / Air iomlaid chun t-Eilean Sgitheanach, 11.9.09





On exchange to Edinburgh / Air iomlaid gu Dùn Eideann, 2.10.09

SPAIN GOYA TO PICASSO

NATIONAL GALLERY COMPLEX
18 JULY TO 11 OCTOBER



AIN
ASSO





Acknowledgements

Taing

On exchange in Skye / Air iomlaid chun t-Eilean Sgitheanach, 8.9.09

Published by The Fruitmarket Gallery
on the occasion of the exhibition

Air Iomlaid

The Fruitmarket Gallery, Edinburgh
10 April – 9 May 2010
and Sabhal Mòr Ostaig, Skye
5 June – 25 July 2010

Supported by The National Lottery via
The Scottish Arts Council's Inspire Fund
with additional funding from Bòrd na Gàidhlig,
Scottish Natural Heritage (SNH), Learning and Teaching
Scotland and The Ernest Cook Trust

Air fhoillseachadh leis The Fruitmarket Gallery
aig àm an taisbeanaidh

Air Iomlaid

The Fruitmarket Gallery, Dùn Èideann
10 Giblean – 9 Cèitean 2010
agus Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach
5 Òg Mhios – 25 Iuchar 2010

Le taic bhon Chrannchur Nàiseanta tro Ionmhas
Brosnachaidh Comhairle Ealain na h-Alba le taic a bharrachd
bho Bòrd na Gàidhlig, Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH),
Ionnsachadh is Teagasg na h-Alba agus Urras Ernest Cook

Further information / Tuilleadh fiosrachaidh:

The Fruitmarket Gallery (www.fruitmarket.co.uk)

Air Iomlaid (www.fruitmarket.co.uk/education/air-iomlaid)

Lasair Ealain (www.lasairealain.com)

Julie Brook (www.juliebrook.com)

Air Iomlaid credits:

Artists / Luchd-ealain:

Julie Brook, Sandra Kennedy,
Mary Morrison, Morag MacDonald

Supporting artist / Neach-ealain taiceil:

Catriona NicLeòid

Poets / Bàird:

Màrtainn Mac an t-Saoir, Iain Finlay MacLeod

Film / Fiolm :

Matt Hulse (Creative Director / Stiùiriche Cruthachail)
Julie Brook (Creative Director / Stiùiriche Cruthachail)
Rhianna Andrews (Producer, Young Films / Riochdaire)
Ian Dodds (Cameraman / Neach-dealbh)
Hector MacInnes (Sound / Fuaim)
Alan Brown (Editor / Neach-gearraidh Dealbhan-beo)

Linguistic Research / Sgrùdadh Cànanain:

Sileas Landgraf, Sabhal Mòr Ostaig

Translation / Eadar-theangachadh:

Iain Macleòid, An Darach Earranta and
Màrtainn Mac an t-Saoir

Photography / Dealbhan:

Julie Brook, Gwen Culbertson, Alan Dimmick,
Johnny Gailey, Morag MacDonald, Steven McKenzie



THE
ERNEST COOK
TRUST



Thanks and assistance / Taing is cuideachadh:

Sleat Primary School / Bun-sgoil Shleite:
Gwen Culbertson (Headteacher / Ceannard),
Christine Robasdan, Raonaid Brennan, Megan NicChoinnich,
Heather Beaton (Teachers / Luchd-teagaisg),
Alice MacVicar (Visiting Teacher / Neach-teagaisg air chuairt),
Lorraine NicFhionghuinn (Rùnaire / Clerical Assistant)

Tollcross Primary School / Bun-sgoil Chrois na Cise:
Kenny Neal (Headteacher / Ceannard), Anne MacPhail
(Principal Teacher of Gaelic / Prìomh Neach-teagaisg
Gàidhlig), Christine MacLeod, Donna M. MacSween
(Teachers / Luchd-teagaisg), Margaret Gilmour
(School Secretary / Rùnaire), Brian Nothard (Janitor / Dorsair)

Learning Materials / Stuthan Ionnsachaidh:

Mary MacMillan (Gaelic Development Officer, Learning
and Teaching Scotland / Oifigear Leasachaidh Gàidhlig,
Ionnsachadh is Teagasg na h-Alba), Alistair Lawson
(Lecturer, School of Computing, Edinburgh Napier
University / Òraidiche, Sgoil Choimpiutaireachd, Oilthigh
Napier Dhùn Èideann), Peter Eland (Research Assistant,
School of Computing, Edinburgh Napier University /
Cuidiche Sgrùdaidh, Sgoil Choimpiutaireachd, Oilthigh
Napier Dhùn Èideann), Shona Sloan (Gaelic Officer,
Scottish Natural Heritage / Oifigear Gàidhlig, Dualchas
Nàdair na h-Alba)

Parent volunteers / Luchd-cuideachaidh saor-thoileach nam pàrant:

Marriette Holland Drain, Muireann Kelly, Claire Lamond,
Valerie MacGregor, Fiona MacKinnon, Claire MacPherson,
Catarina Penalosa

Host families / Teaghlachan Aoigheachd:

Catarina Penalosa and Doneil MacLeod, Màrtainn
Mac an t-Saoir and Anne Marie NicRuairidh, Catriona Gracie,
Sarah Begley and Chris Marsh, Chris Young and Julie Brook,
Claire and Norman Hannah, Mairi MacKay and Norman
MacKinnon, Ian Hutchison and Lesley O'Neil

Linguistic Research Advisory Group /

Buidheann Comhairleachaidh Sgrùdaidh Cànan:
David Adger (Professor of Linguistics, Queen Mary, University
of London / Àrd-Ollamh Cànan, Banrigh Màiri, Oilthigh
Lunnainn), Johnny Gailey (Children and Young People's
Programme Manager, The Fruitmarket Gallery / Manaidsear
Prògram Chloinne is Dhaoine Òga, The Fruitmarket Gallery)
Murdo Macdonald (Professor of History of Scottish Art,
University of Dundee, Duncan of Jordanstone College of Art
and Design / Àrd-Ollamh Eachdraidh Ealain na h-Alba,
Oilthigh Dhùn Deagh, Colaiste Ealain is Dealbhadh
Duncan of Jordanstone), Boyd Robasdan (Director, Sabhal
Mòr Ostaig / Stiùiriche, Sabhal Mòr Ostaig), Mary Smith

Additional thanks / Taing is bharuachd:

Eileen Adams (The Campaign for Drawing), Dougie Beck
(Fèisean nan Gàidheal), Malcolm Boyd (BAM Construction),
Charles Culbertson, Carlotta Graham and Gillian Munro
(Sabhal Mòr Ostaig), Fiona Dalgetty (Fèis Rois), Sadie and
Niall Gordon (Biorachan Beag Ceilidh Band), Roddy Gorman,
Derek Gray (The Arts Complex), Richard and Florence
Ingleby and Andrew Innes (Ingleby Gallery), Lynn Johnson
and Susan Walker (The Highland Council / Comhairle na
Gàidhealtachd), Marta McGlynn, Vicky MacLean and Morag
Stiùbhart (Sealladh), Norma Martin (City of Edinburgh
Council), Claire Nicolson (Lasair Ealain), Donnie Nicolson
(Nicolson Taxis), Antonia Palmer (Edinburgh College of Art),
Kenneth Fowler and Iain Ross (Scottish Natural Heritage /
Dualchas Nàdair na h-Alba)

Julie Brook thanks / Julie Brook taing:

Robin Hodge for his extraordinary generosity and hospitality.
Eoghan Mackay for giving constant support with her Gaelic.
All the artists who have contributed so much. Kath Macleod
for helping on so many different occasions with the specific
challenges this project presented and helping clarify thoughts
as to how to go forward. Fiona Bradley and The Fruitmarket
Gallery team who have been a pleasure to work with.
A special thank you to Johnny Gailey for being a wonderful
work colleague and collaborator and making sure the project
happened. Rosemary Ward for having faith in this project
right from its beginning. Huge appreciation to my partner
Chris Young and children Winnie, Stella, Arthur and
Meredith for all their support and patience during these last
two years. To Azahara Fernández González for her incredible
help and kindness. And finally thanks go to all the children
and teachers who have worked so hard to make this fine
body of work.

Robin Hodge airson a Bhith cho coibhneil agus airson
aoigheachd. Eoghan MacAoidh airson làn-thaic a thoirt dhith
le cuid Gàidhlig. Na luchd-ealain air fad a chur uidhir de
dh'oidhirp a-steach. Catriona NicLeòid airson a cuideachadh
aig diofar amannan leis na dùbhlannan a bh'ag a' phròiseact
seo agus a cuideachadh le bhith a' soilleireachadh smuaintean
mun t-slighe air adhart. Fiona Bradley agus sgioba The
Fruitmarket Gallery airson a bhith cho dòigheil len cuid taic.
Taing sònraichte do Johnny Gailey a bha na chom-pàirtiche
agus na cho-obraiche air leth math le bhith a' deanamh
cinnteach gun tàinig a' phròiseact gu buil. Rosemary Ward,
airson a bhith a' creidsinn anns a' phròiseact seo bho thùs.
Agus taing mhòr don chom-pàirtiche agam Chris Young agus
mo chlann Winnie, Stella, Arthur agus Meredith airson an
cuid taic is foighidinn fad an dà bhliadhna mu dheireadh.
Taing mhòr gu Azahara Fernández González airson a bhith
cho coir agus cho cuideachdail dhuinn. Agus mu dheireadh
taing don chloinn agus don luchd-teagaisg air fad a
dh'obraich cho cruaidh.

Publisher's credits:

The Fruitmarket Gallery
45 Market Street, Edinburgh, EH1 1DF
Telephone +44 (0)131 225 2383
www.fruitmarket.co.uk

Publication credits:

Edited by Fiona Bradley
Designed by Elizabeth McLean
Assisted by Samantha Woods

ISBN 978-0-947912-96-3

Distributed by:

Art Data 12 Bell Industrial Estate,
50 Cunnington Street, London, W4 5HB
Telephone +44 (0)20 8747 1061
www.artdata.co.uk

Printed by:

Stewarts of Edinburgh. Printed and bound in the UK

The Fruitmarket Gallery is a not-for-profit organisation and a Scottish Charity presenting world-class, challenging art made by Scottish and International artists in an environment that is welcoming, engaging, informative and always free. The Gallery is Foundation Funded by the Scottish Arts Council for up to 62% of its running costs and must raise additional funds to support its exhibitions, education and publishing programmes.

The Fruitmarket Gallery is a company limited by guarantee, registered in Scotland No. 87888 and registered as a Scottish Charity No. SC 005576.

Registered Office: 45 Market St., Edinburgh, EH1 1DF
VAT No. 398 2504 21

© 2009 The Fruitmarket Gallery, the artist and the authors. All rights reserved. No part of this book may be used or reproduced in any manner without written permission from the publisher, except in the context of reviews

The Fruitmarket Gallery Staff:

Director, Fiona Bradley; Deputy Director, Elizabeth McLean;
Development Manager, Armida Taylor

Administrator, Amelia Smith; Bookshop Assistants, Alicia Bruce and Ash Reid; Bookshop Manager, Matthew Williams; Children and Young People's Programme Manager, Johnny Gailey; Education Assistant, Kate Martin; Exhibitions and Publications Organiser, Samantha Woods; Finance Manager, Celeste Stamenkovic; Gallery Manager, Matt Kelly; Installation Technicians, David McAllister and Simon Shaw; Press and Marketing Manager, Louise Anderson; Research and Interpretation Manager, Stacy Boldrick; Senior Installation Technician, Colin MacFarlane

Image credits:

cover: Collective drawing of Edinburgh by pupils from Bun-sgoil Shlèite (detail) / Dealbh buidhne gual-fhiodha de Dhùn Èideann le sgoilearan bho Bun-sgoil Shlèite (mion-fhiosrachadh)

pages 2–3: Neith Donnelly, Sligachan / Sligeachan, 10.9.09
pages 4–5: Ferry to Mallaig / Aiseag gu Malaig, 24.06.09
pages 6–7: Lewis Callan, Torrin / Na Torran, 9.9.09
pages 8–9: Brown's Place / Ceàrn MhicilleDhuinn, 18.6.09
pages 10–11: Euan Hamilton, Scott Monument / Carragh-cuimhne Scott, 30.9.09
pages 12–13: Torrin / Na Torran, 9.9.09
pages 14–15: Megan Cartwright, Torrin / Na Torran, 9.9.09
pages 16–17: Calton Hill / Cnoc na Calltainn, 29.9.09
pages 18–19: Christopher Clyne, Edinburgh Castle / Caisteal Dhùn Èideann, 30.9.09
pages 20–21: Sligachan / Sligeachan, 10.9.09
pages 22–23: Pupils working on their group drawing of Skye at Bun-sgoil Shlèite / Sgoilearan ag obair air an dealbh buidhne aca den Eilean Sgitheanach aig Bun-sgoil Shlèite, 17.11.09
pages 24–25, left: Pupils working on their group drawing of Edinburgh at Tollcross Primary School / Sgoilearan ag obair air an dealbh buidhne aca de Dhùn Èideann aig Bun-sgoil Chrois na Cise, 4.11.09
pages 24–25, right: Pupils working on their group drawing of Skye at Bun-sgoil Shlèite / Sgoilearan ag obair air an dealbh buidhne aca den Eilean Sgitheanach aig Bun-sgoil Shlèite, 18.11.09
pages 26–27: Pupils working on their group painting of Edinburgh at Bun-sgoil Shlèite / Sgoilearan ag obair air an dealbh buidhne aca den Dhùn Èideann aig Bun-sgoil Shlèite, 3.2.09
pages 28–29: Group painting of Edinburgh by the pupils from Bun-sgoil Shlèite / Dealbh buidhne de Dhùn Èideann le sgoilearan bho Bun-sgoil Shlèite, 1.2.09–5.2.09